

---

**Semester 2 2013/14**

BA Cànan is Cultar  
BA Gàidhlig agus Leasachadh  
BA Gàidhlig agus Ceòl Traidiseanta  
BA Gàidhlig agus na Meadhanan

---

<b>Tìotal a' Mhodail:</b>	Gàidhlig 2
<b>Còd a' Mhodail:</b>	UQ508491
<b>Ceann-là/:</b>	Dimàirt 13 Cèitean 2014
<b>Uair/Ùine:</b>	09:30 – 11.30

**'S fhiach an deuchainn seo 40% de na comharran a ghabhas faighinn gu h-iomlan sa mhodail.**

**Fiosrachadh:**

Chan eil leabhraichean ceadaichte san deuchainn seo idir is chan fhaodar stuth sgrìobhte sam bith a thoirt a-steach do sheòmar nan deuchainnean.

Gheibhear còig mionaidean airson na ceistean a leughadh mus tòisich an deuchainn.

Faodar **notaichean** a sgrìobhadh sna còig mionaidean seo.

**A' crìochnachadh do dheuchainn:**

Feumar gach ceist a fhreagairt.

Cuir an **àireamh oileanach** agad agus an **ionad-mheasaidh** a-mhàin air beulaibh gach leabhar-freagairt.

**Na cuir** d' ainm air pàirt sam bith den leabhar-freagairt.

Cuir loidhne tro notaichean sam bith nach eil thu ag iarraidh a bhith air an ceartachadh.

---

Freagair gach ceist.

## Ceist A. Gràmar Foirmeil

### 1. Cruth an Uilt, an Ainmeir is a' Bhuadhair

Cuir Gàidhlig air na leanas le *iolaire* (b), *siorcas* (f), *bliadhna* (b)

- a. I went on holiday in the New Year.
- b. Everyone was tired after the New Year's party.
- c. The school has changed over the years.
- d. The eagles were difficult to find.
- e. I watched the big eagle's nest all day.
- f. The small circus came to the town.
- g. He could see the tents of the small circus from his house.

### 2. An Guth Fulangach/ Neo-phearsanta

Eadar-theangaich na leanas is tu a' cleachdadh ghnìomhairean fulangach.

(Na cleachd structaran le *air* no *rach*, m.e. chaidh an sgoil a thogail....bha an sgoil air a togail.)

- a. The new library will be opened next week.
- b. A ceilidh was held in the school before Christmas.
- c. The report would be written if there was a demand for it.
- d. Many songs were sung at the ceilidh last night.
- e. It is believed that 2013 was the wettest year ever in Britain.

### 3. Gnè nam faclan:

Dè a' ghnè a tha anns na faclan a leanas agus carson?

Diluain, boiteag, Greugais, bathais, spiocaire, gainne

### 4. Òrdugh nam faclan:

Eadar-theangaich na leanas:

- i. I intend to walk a mile every day this month.
- ii. I would like to try that new whisky soon.
- iii. We came to see if you were feeling better.

(50)

## Ceist B. Ceartachadh teacs

Sgrìobh a-mach an earrann gu h-ìseal is tu ga ceartachadh a thaobh gràmair, litreachaidh agus pongalachaidh (sràcan agus cromagan àrda).

Tha saoghal nan ealan Gàidhlig air fàs gu mòr <sup>ealadh Ghàidhlig</sup> (o-chionn) beagan <sup>bho chionn bheagan</sup> ùig a bheil bhliadhnaichean. Tha tòrr dorsan a' fosgladh do dhaoine òg aig a bheil Gàidhlig agus aig a bheil ùidh ann an ceòl, sgrìobhadh, actadh neo dealbhan a dhèanamh.

Tha iarraidh air <sup>Tha iarraidh air</sup> seinneadairean agus luchd-ciùil airson seinn <sup>chuir</sup> cluich air a' stèids agus air an telebhisein, agus airson a' bhith a' teagasg seinn agus ceòl <sup>seinn' s ceòl</sup> ann an sgoiltean agus aig nam fèisean. <sup>mar sh</sup>

Tha barrachd Ghàidhlig air an telebhisean a-nis agus tha feum mar sin air actaran le Gàidhlig. Tha companaidh dràma ann cuideachd, TOSG, a bhios a siubhal air feadh Alba le dealbhan-cluiche.

Mar a tha àireamh na sgoilearan anns na sgoiltean Ghàidhlig a' fàs, tha feum air daoine a tha comasach air stuthan inntinneach a' sgrìobhadh, mar sgeulachdan, nobhailean, bàrdachd agus dealbhan-cluiche. Tha feum air daoine a' bhios ag eadar-theangachadh cuideachd – an dà chuid, stòiridhean agus leabhraichean-fiosrachadh. <sup>fiosrachadh</sup>

Tha obair ann de dhaoine a tha math air dealbhan a dhèanamh cuideachd – airson dealbhan a chuir ann an leabhraichean Ghàidhlig agus airson postairean, cairtean, dealbhan èibhinn agus rudan mar sin a dhèanaibh. (50)

## Ceist C. Sgrìobhadh Saor

Sgrìobh aiste air AON de na leanas:

1. An-diugh, ri linn an eadar-lìn, 's urrainn dhuinn fiosrachadh fhaighinn mu rud sam bith. Ach, 's ann a tha sinn nas aineolaiche mu dhùthchannan agus mu chultaran eile na bha sinn a-riamh roimhe.

Innis carson a tha, no nach eil, thu ag aontachadh ris a' bheachd seo.

2. Thoir iomradh air film/dealbh-chluiche a chunnaic thu agus innis carson a chòrd no nach do chòrd e riut.

3. *Cha b' urrainn dhomh a bhith beò às aonais...*

Nam biodh agad ri bliadhna a chur seachad air eilean leat fhèin, thoir iomradh air trì nithean a dh'fheumadh tu gus an ùine a chur seachad. (50)